

A' leasachadh gach turas



Plana Lìbhrigidh
Plana co-ionannachdan feachd-obrach

Foillsichte 1^d Dàmhair 2025





Clàr-innse

Geàrr-chunntas gnìomhach	3
1. Facal-toisich	3
2. Amas co-ionannachd	4
3. Ar gealltanais	5
4. Riaghlachas agus lèirmheas	6
5. Ceumannan soirbheis	7
6. Co-dhùnadh	8



Geàrr-chunntas gnìomhach

Aig Cailleanach Mac a' Bhriuthainn, tha sinn an geall air feachd-obrach a thogail a tha ann an co-rèir ri na coimhearsnachdan a tha sinn a' frithealadh agus a tha a' cumail suas prionnsapalan cothromachd, urram agus sùim. Tha am plana co-ionannachdan feachd-obrach seo — stèidhichte air a' phlana co-ionannachd, iomadachd agus ion-ghabhalachd (EDI) 2025–2028 — a' mìneachadh a' mhodh-obrach ro-innleachdail againn a thaobh brosnachadh co-ionannachd, iomadachd agus ion-ghabhalachd (EDI) thar a h-uile raon cosnaidh, a' dèanamh cinnteach gu bheil na daoine againn a' faireachdainn gu bheil a' cur luach orra, gu bheil iad a' faighinn taic agus gu bheil iad air an cumhachdachadh a bhith a' soirbheachadh.

'S e an lèirsinn againn a bhith nur ceannard air EDI taobh a-staigh an raoin mara agus puirt agus còmh-dhail na h-Alba. Tha sinn ag amas air cur às do leth-bhreith, fulangachadh agus sàrachadh, fhad 's a thathar ag adhartachadh cho-ionannachdan cothruim agus ag altramadh deagh dhàimhean thar bhuidhnean eadar-mheasgte. Tha am plana seo a' mìneachadh mar a bhios sinn a' coileanadh ar dleastanasan fo Achd na Co-ionannachd 2010 agus a' dol thairis air gèilleadh laghail gus atharrachadh brìghmhor a libhrigeadh.

Bidh sinn a' coileanadh seo tro chleachdaidhean trusaidh ion-ghabhalach, prògraman leasachaidh targaidichte agus cultar an àite-obrach a tha a' comharrachadh iomadachd agus a' cur air adhart sunnd. Tha ar gealltanasan a' gabhail a-steach trèanadh EDI àithntail, leasachadh ceannardais ion-ghabhalach agus com-pàirteachadh for-ghnìomhach le buidhnean fo-riochdaichte. Bidh sinn a' leantainn oirnn ann an com-pàirteachasan le buidhnean leithid Women in Maritime agus Inclusion Scotland gus piseach a chur air riochdachadh agus adhartachadh.

Tha riaghlachas agus cunntachalachd air an leabachadh air feadh a' phlana. Bidh an Sgioba HR, air a stiùireadh leis an Stiùiriche HR, a' marasgladh libhrigeadh agus a' dèanamh cinnteach gu bheil a' dèanamh lèirmheas air adhartas gu cunbhalach. Bidh soirbheas air a thomhas tro chomharran coileanaidh, measaidhean buaidh air co-ionannachd agus fios air ais bho shuirbhidhean luchd-obrach — gar comasachadh a bhith a' tracadh adhartas agus a' leasachadh gu leantainneach.

Le bhith a' leabachadh co-ionannachd, iomadachd agus ion-ghabhalachd sa h-uile nì a nì sinn, bidh sinn a' togail feachd-obrach a tha nas treasa agus nas riochdachail — feachd-obrach a bhios a' libhrigeadh seirbheis phoblach air a freumhachadh ann an cothromachd, ath-sheasmhachd agus coimhearsnachd.

1. Facal-toisich

Aig Cailleanach Mac a' Bhriuthainn, tha sinn a' creidsinn gu bheil e deatamach gu bheil feachd-obrach cothromach, ion-ghabhalach agus riochdachail againn gus seirbheis phoblach de dh'àrd-chàileachd a libhrigeadh. Tha am plana co-ionannachdan feachd-obrach seo — air a leasachadh bhon phlana co-ionannachd, iomadachd agus ion-ghabhalachd (EDI) 2025–2028 againn — a' mìneachadh a' mhodh-obrach ro-innleachdail againn do bhrosnachadh co-ionannachd, iomadachd agus ion-ghabhalachd (EDI) thar a h-uile raon cosnaidh, a' dèanamh cinnteach gu bheil na daoine againn a' faireachdainn gu bheil a' cur meas orra, gu bheil iad a' faighinn taic agus gu bheil iad air an cumhachdachadh a bhith a' soirbhiseachadh.



Tha ar gealltanais a' dol seachad air gèilleadh laghail. Tha sinn ag amas a bhith nur ceannard tro ar n-eisimpleir san raon mara agus puirt agus còmh dhail na h-Alba le bhith ag altramadh cultar an àite-obrach a tha a' cur luach air diofar, a' cur air adhart urram agus a' cur às do leth-bhreith. Tha am plana seo a' mìneachadh mar a bhios sinn a' coileanadh ar dleastanasan fo Achd na Co-ionannachd 2010 agus a' dol thairis air gèilleadh laghail gus atharrachadh brioghmhor a libhrigeadh tro phoileasaidhean ion-ghabhalach, com-pàirteachadh for-ghnìomhach agus leasachadh leantainneach.

Tha am plana seo a' buntainn ris a h-uile neach-obrach — co-dhiù a bheil iad maireannachd, sealach, làn-ùine no pàirt-ùine — agus tha e air a dhealbhadh a bhith ann an co-rèir ri na coimhearsnachdan a tha sinn a' frithealadh. Tha e a' gabhail a-steach ar n-amasan ro-innleachdail, ullachaidhean riaghlachais agus na ceumannan practaigeach a bheir sinn gus cothromachd a chur air adhart ann an trusadh, adhartachadh, trèanadh agus beatha-obrach latha gu latha..

Le bhith a' co-thaobhadh ar n-obair cho-ionannachdan le amasan nas fharsainge HR agus na buidhne, bidh sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil am feachd-obrach againn uidheamaichte gus seirbheis aiseig a libhrigeadh a tha sàbhailte, so-ruigsinneach agus cuimsichte air a' chustamair — seirbheis a tha ann an co-rèir ri iomadachd na h-Alba agus a tha a' toirt taic do shunnd gach neach-obrach.

2. Amas co-ionannachd

'S e an t-amas co-ionannachd againn a bhith a' cruthachadh àrainneachd obrach a tha cothromach agus ion-ghabhalach agus far a bheil meas ga thoirt air a chèile agus far am faod a h-uile neach-obrach soirbheachadh. Tha sinn ag amas air cur às do leth-bhreith, fulangachadh agus sàrachadh, fhad 's a thathar ag adhartachadh cho-ionannachdan cothruim agus ag altramadh deagh dhàimhean a h-uile pàirt den fheachd-obrach againn agus na coimhearsnachdan a tha sinn a' frithealadh.

Bidh sinn a' coileanadh seo le bhith:

- A' toirt seachad co-ionannachd, cothromachd agus meas don h-uile neach-obrach, ge be air bith an cùmhnan-obrach, pàtran-obrach no dreuchd aca.
- A' làn-ghèilleadh ri Achd na Co-ionannachd 2010, a' dèanamh cinnteach gu bheilear a' dìon thar nan naoi feartan dìonta:



- › Aois
 - › Ciorram
 - › Ath-bhuileachadh gnè
 - › Pòsadh agus com-pàirteachas sìobhalta
 - › Leatromachd agus màthaireachd
 - › Cinneadh (a' gabhail a-steach dath, nàiseantachd agus tùs cinneachail no nàiseanach)
 - › Cràbhadh no creideamh
 - › Gnè
 - › Aomadh gnèitheasach
- A' cur an aghaidh agus a' seachnadh a h-uile seòrsa de leth-bhreith mhì-laghail bho bhith a' tachair a thaobh:
- › Pàigheadh agus sochairean
 - › Teirmean is cumhaichean cosnaidh
 - › Modhannan chùisean-gearain agus smachdachaidh
 - › Cur à dreuchd agus anabarrachd
 - › Fòrladh phàrantan agus obair shùbailte
 - › Roghnachadh airson trusadh, adhartachadh, trèanadh agus leasachadh

Tha na h-amasan seo air an leabachadh thar nan cleachdaidhean obrach, poileasaidhean agus cultar againn. Bidh sinn a' leantainn oirnn a' dèanamh lèirmheas air agus piseach a chur air a' mhodh-obrach againn gus dèanamh cinnteach gu bheil e a' co-thaobhadh ri na riatanasan laghail, cleachdadh as fheàrr agus dùilean an fheachd-obrach againn.

Le bhith a' libhrigeadh air na gealltanasan seo, bidh sinn a' togail buidheann a tha nas ion-ghabhalaiche — buidheann a tha ann an co-rèir ri iomadachd nan coimhearsnachdan againn agus a tha a' toirt taic do h-uile neach-obrach a bhith a' ruigsinn an làn chomais.

3. Ar gealltanas

Aig Cailleanach Mac a' Bhriuthainn, tha sinn an geall air àrainneachd obrach a chruthachadh far a bheilear a' toirt urram agus sùim air a h-uile neach. Tha sinn a' creidsinn gu bheil e deatamach gu bheil feachd-obrach eadar-mheasgte agus ion-ghabhalach againn gus seirbheis phoblach a libhrigeadh a tha ann an co-rèir ri agus a tha a' coileanadh feumalachdan nan custamairean uile againn.

Tha sinn a' cur an aghaidh a h-uile seòrsa de bhurraidheachd, sàrachadh, fulangachadh agus leth-bhreith mhì-laghail. Tha na poileasaidhean agus cleachdaidhean againn air an dealbhachadh gus cothromachd a chur air adhart, gus co-chòmhraidh fosgailte a bhrosnachadh agus gus dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile neach-obrach a' faireachdainn sàbhailte, gu bheilear a' toirt taic dhaibh agus gu bheil iad air an cumhachdachadh a bhith a' gabhail am pàirt. Tha sinn ag aithneachadh agus a' cur luach air seallaidhean sònraichte nan daoine againn agus mar a tha iad a' gabhail am



pàirt, agus tha sinn an geall air cultar altramadh far nach eilear dìreach a' gabhail ri diofar ach a' cur fàilte air agus ga chomharrachadh.

Tha trèanadh agus mothachadh deatamach don mhodh-obrach againn. Bidh a h-uile neach-obrach a' faighinn trèanadh co-ionannachd, iomdachd agus ion-ghabhaltas (EDI), agus bidh a h-uile manaidsèar a' coileanadh prògraman àithntail ann an leth-bhreith gun mhothachadh agus ceannardas ion-ghabhalach. Tha na h-iomairtean seo air an dealbhachadh gus tuigse a thogail, cunntachalachd a bhrosnachadh agus dèanamh cinnteach gu bheil prionnsapalan EDI air an leabachadh thar a h-uile ìre den bhuidhinn.

Tha sinn cuideachd an geall air trusadh agus adhartachadh ion-ghabhalach. Bidh sinn a' leantainn oirnn a' dèanamh lèirmheas air agus a' cur piseach air na cleachdaidhean fastaidh againn gus dèanamh cinnteachd gu bheil iad cothromach, trìd-shoilleir agus so-ruigsinnneach. Bidh sinn ag obair ann an com-pàirteachas le buidhnean leithid Women in Maritime agus Inclusion Scotland gus taic a thoirt do bhuidhnean fo-riochdaichte agus piseach a chur air an riochdachadh ann an dreuchdan ceannardais.

Le bhith a' libhrigeadh air na gealltanasan seo, bidh sinn a' togail cultar àite-obrach a tha a' toirt taic do shunnd, a' brosnachadh leasachadh agus a' comasachadh a h-uile neach-obrach an làn-chomais a ruighinn — gar cuideachadh a bhith a' libhrigeadh seirbheis aiseig a tha cothromach, ion-ghabhalach agus riochdachail de na coimhearsnachdan eadar-mheasgte na h-Alba.

4. Riaghlachas agus lèirmheas

Tha riaghlachas làidir deatamach do bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil ar gealltanais do cho-ionannachd, iomdachd agus ion-ghabhaltas air a leabachadh thar obrachaidhean Chailleannach Mac a' Bhriuthainn. Thathar a' toirt taic don Phlana Co-ionannachdan Feachd-obrach le loidhnichean cunntachalachd soilleir, marasgladh coileanaidh cunbhalach agus pròiseas lèirmheis structaraichte gus dèanamh cinnteach gu bheil adhartas ga chumail suas agus so-thomhas.

Tha marasgladh a' phlana air a shuidheachadh leis an Stiùiriche HR, agus libhrigeadh bho latha gu latha air a chur an gnìomh leis an sgioba HR ann an co-obrachadh le àrd-stiùirichean, manaidsèaran agus riochdairean luchd-obrach. Gus taic a thoirt do thrìd-shoilleireachd agus leasachadh leantainneach, bidh sinn a' stèidheachadh buidheann-stiùiridh co-ionannachd, iomdachd agus ion-ghabhaltas (EDI), a bhios a' coinneachadh a h-uile sia mìosan gus lèirmheas a dhèanamh air adhartas, measadh a dhèanamh air buaidh agus co-dhùnadh a dhèanamh air gnìomhan san àm ri teachd. Bidh a' bhuidheann air a sponsaireadh leis an stiùiriche HR agus faodaidh i gabhail a-steach riochdachadh bho air feadh a' ghnothachais.

Bidh sinn a' dèanamh lèirmheas gu cunbhalach air cleachdaidhean cosnaidh agus modhannan gus dèanamh cinnteach gu bheil iad fhathast cothromach, ion-ghabhalach agus gèilleach ri reachdas làithreach. Tha seo a' gabhail a-steach a' cumail sùil air èifeachdas nam poileasaidhean, prògraman trèanaidh agus modhan trusaidh againn, agus a' dèanamh fhreagarrachaidhean far a bheil feum orra ann an co-rèir ris a' chleachdadh as fheàrr a tha ag èirigh agus fios air ais bho luchd-obrach.

Thèid adhartas fa chomhair a' phlana a thracadh le bhith a' cleachdadh seata de chomharran coileanaidh co-ionannachd agus iomdachd, còmhla ri fios air ais bho shuirbhidhean luchd-obrach agus measaidhean buaidh air co-ionannachd. Bidh na meatraigean seo gar cuideachadh a bhith ag aithneachadh raointean leasachaidh, a' comharrachadh soirbheas agus a' dèanamh cinnteach



gu bheil am modh-obrach againn a' cumail air a bhith a' co-thaobhadh ri feumalachdan an fheachd-obrach agus nan coimhearsnachdan a tha sinn a' frithealadh.

Le bhith a' leabachadh riaghlachas reachdmhor agus cultar cunntachalachd, bidh sinn a' dèanamh cinnteach nach bi an obair co-ionannachdan againn dìreach a' cumail a' dol ach gum bi i a' cumail oirre a bhith ag atharrachadh — gar cuideachadh a bhith a' togail buidheann a tha nas ion-ghabhalach, nas ath-sheasmhaich agus nas riochdachaile.

5. Ceumannan soirbheis

Gus dèanamh cinnteach gu bheil am Plana Co-ionannachdan Feachd-obrach againn a' libhrigeadh buaidh bhrìghmhor agus so-thomhas, bidh sinn a' cumail sùil air adhartas tro sheata structaraichte de cheumannan soirbheis. Bidh na comharran seo gar cuideachadh gus measadh a dhèanamh air dè cho math 's a tha co-ionannachd, iomadachd agus ion-ghabhaltas (EDI) air an leabachadh thar na buidhne againn agus raointean leasachaidh leantainnich a chomharrachadh.

Bidh sinn a' tracadh adhartas le bhith a' cleachdadh coimeasgachadh de chomharran uimhireil agus comharran càileachdail, a' gabhail a-steach:

- Comharran coileanaidh co-ionannachd agus iomadachd (PIs) — a' còmhachadh riochdachadh feachd-obrach, com-pàirteachadh ann an trèanadh, toraidhean trusaidh agus reataichean adhartachaidh.
- Sgrùdadh cho-ionannachdan bliadhnaile — a' dèanamh measadh fa chomhair a' phlana-ghnìomh againn air co-ionannachd agus iomadachd agus a' comharrachadh chothroman airson leasachadh.
- Meatraigean trèanaidh — a' gabhail a-steach reataichean coileanaidh airson trèanadh àithnteil EDI, trèanadh ann an leth-bhreith gun mhothachadh agus prògraman ceannardais ion-ghabhalaich.
- Buaidh air coimhearsnachdan — a' tomhas fastachd bho choimhearsnachdan ionadail agus an àireamh de dhaoine gun chosnadh don tugadh taic a bhith a' tilleadh a dh'obair.
- Fios air ais bho luchd-obrach — air a thional tro shuirbhidhean “buille-chuise” (gus fios air ais goirid fhaighinn gu luath) agus fòraman com-pàirteachaidh gus faireachdainnean agus seallaidhean luchd-obrach a thuigsinn.
- Èifeachdas poileasaidh — air a luachadh tro mheasaidhean buaidh air co-ionannachd (EIAs) gus dèanamh cinnteach gu bheil na poileasaidhean agus co-dhùnaidhean againn a' cur air adhart cothromachd agus a' cur às do leth-bhreith.

Thèid lèirmheas a dhèanamh air adhartas gach bliadhna, leis na toraidhean gan cleachdadh gus gnìomhan san àm ri teachd agus ath-ùrachaidhean don phlana fhiosrachadh. Bidh sinn cuideachd ag aithris air a' choileanadh againn do Chòmhdhail Alba, a' nochdadh ar gealltanais do thrìd-shoilleireachd, cunntachalachd agus leasachadh leantainneach.

Le bhith a' leabachadh nan ceumannan soirbheis seo san fhrèam-obrach riaghlachais againn, bidh sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil an obair co-ionannachdan againn fhathast fòcusaichte agus a' co-thaobhadh ri feumalachdan an fheachd-obrach againn agus nan coimhearsnachdan a tha sinn a' frithealadh.



6. Co-dhùnadh

Tha am plana co-ionannachdan feachd-obrach seo a' cur an cèill ar gealltanais do fheachd-obrach a thogail a tha cothromach, ion-ghabhalach agus riochdachail — feachd-obrach a tha ann an co-rèir ri na coimhearsnachdan a tha sinn a' frithealadh agus a tha a' toirt taic do libhrigeadh seirbheis aiseig a tha sàbhailte, earbsach agus cuimsichte air a' chustamair.

Le bhith a' leabachadh co-ionannachd, iomadachd agus ion-ghabhailteas a-steach do na cleachdaidhean trusaidh, leasachaidh agus làitheil againn, bidh sinn a' cruthachadh àrainneachd obrach far a bheil a h-uile neach-obrach a' faireachdainn gu bheil na daoine againn a' faireachdainn gu bheil a' cur meas orra, gu bheil iad a' faighinn taic agus gu bheil iad comasach air an làn chomas a ruigsinn. Tha am modh-obrach againn a' dol seachad air gèilleadh ris an lagh, a' fòcasachadh air leasachadh leantainneach, com-pàirteachadh for-ghnìomhach agus atharrachadh cultair brìghmhor.

Tro riaghlachas làidir, cunntachalachd shoilleir agus comharran soirbheis so-thomhas, bidh sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil an obair co-ionannachdan againn a' cumail a bhith fòcusaichte, trìd-shoilleir agus so-fhreagrach. Bidh sinn a' leantainn oirnn ag èisteachd ris an fheachd-obrach againn, a' co-obrachadh le luchd-pàirt agus a' freagairt ri fios air ais gus a' bhuidhe againn a neartachadh agus adhartas a phutadh air adhart.

Le bhith a' libhrigeadh a' phlana seo, tha sinn ag ath-dhaingneachadh ar gealltanais do chothromachd, urram agus sùim — a' cuideachadh gus àm ri teachd nas ion-ghabhalaiche a chruthachadh airson na buidhne againn, airson a' ghnìomhachais againn agus airson nan coimhearsnachdan a tha sinn a' frithealadh.